

## Earrann 1 – NA GILLEAN

B' e Rob an t-ainm a bh' air. Bha e trì bliadhn' deug a dh'aois.

Bha e na shìneadh sa ghrèin air cliathaich na beinne agus e ag èisteachd ri srannail nan seillean a bha trang san fhraoch.

Choimhead e suas dhan adhar ghorm, a bha gun sgòth, agus chunnaic e paidhir iolairean a' sgèith gu h-àrd os cionn a' ghlinne. 'Bidh iad a' sealg air gearr,' smaoinich e. 'Feumaidh iad biadh a lorg do dh'iseanan leis an acras.' Bha fios aig Rob far gun robh nead nan iolairean shuas àrd anns na creagan air cùl na beinne, ach cha robh e a' dol a dh'innse sin do dhuine gun fhios nach cuireadh e na h-eòin àlainn a bha siud ann an cunnart. Bha e beagan duilich airson na gearr. Bha àl òg acasan cuideachd a bha ag iarraidh biadh, agus bha e furasta do dh'iolaire gearr beag a chreach.

Le coimhead sìos, chitheadh e mullaichean tughaidh nan taighean ann am baile a' chinnidh agus, na b' fhaide air falbh, chitheadh e tùr àrd caisteal a' chinn-cinnidh na sheasamh gu h-àrd aig ceann na loch.

Sna h-achaidhean beaga gu h-ìosal bha daoine trang ag obair air coirce agus agus air eòrna. Cha b' fhada gus am biodh àm an fhoghair ann, agus bhiodh muinntir a' chinnidh a' dèanamh deiseil airson a' gheamhraidh.

Ach bha e doirbh smaoinichadh air an sin agus a' ghrian a' deàrrsadh agus an crodh shuas air a' bheinn. Choimhead e orra lem bèin mholach, dhubha. Cha robh iad uabhasach mòr, ach bha iad làidir a-nis, agus iad air a bhith ag ionaltradh air feur an earraich. Bha laoigh na bliadhna seo fhathast an cois am màthar, ach dhèanadh iad ionaltradh a-nis agus cha b' fhada gus am biodh iad ag ithe leotha fhèin.

Chluinneadh Rob mnathan is nigheanan a' gàireachdainn agus a' seinn agus iad a' dèanamh ìm agus càise le bainne na maidne. Bu toigh leotha gu mòr a bhith a-muigh air an àirigh air latha fada samhraidh. Chunnaic e a mhàthair trang air a' chuibhill-shnìomh agus a phiuthar bheag, Mòrag, ga dlùth choimhead. Cha b' fhada gus an ionnsaich ead i mar a shnìomhadh i clòimh caoraich thapaidh na beinne airson gum biodh snàth gu leòr ann airson fighe nam bioran is na beairt air lathaichean fada a' gheamhraidh.

Thug e sùil air a' cheum chorrach a bha a' dol suas an gleann gu far am faiceadh e an rathad gu deas ann am bealach sna beanntan àrda. Dè bha air taobh eile nam beanntan? Chuala e sgeulachdan mu thurais is mu dhànadas – mu ghoid cruaidh agus còmhstri ri cinnidhean eile san

nàbachd. Bha fadachd air gus am faiceadh e dha fhèin an saoghal air taobh eile a' ghlinne, agus an uair sin sin thilleadh e dhachaigh le sgeulachdan gu leòr.

Chuir a cho-ogha, Aonghas, agus an cù, Patch, stad air bruadar Aonghais. Bha Aonghas còig bliadhn' deug – cha mhòr na fhireannach.

'Dè tha thu a' dèanamh an sin a' bruadar?' thuirt Aonghas. 'Tha còir agad a bhith a' cumail sùil air a' chrodh.'

'Tud, tha an crodh cho math 's a ghabhas,' thuirt Rob. 'Co-dhiù chuir mi Dìleas a chruinneachadh nan conadail.' B' e Dìleas cù Rob agus bha e air a bhith aige bho bha e na chuilean. Bha Dìleas agus Patch san aon àl agus nan deagh charaidean, dìreach mar a bha na balaich a bu mhaighstirean dhaibh.

## Notaichean dhan tidsear

Tha an earrann ghoirid seo ag amas air toiseach Stòiridh an dròbhaidh a shuidheachadh. Bidh sinn a’ coinneachadh nam prìomh charactaran, agus bheir iadsan an stòiridh air adhart nuair a ghabhas iad pàirt ann an dròbh air an rathad chun a’ Chruinneachaidh ann an Craoibh.

Feumaidh tu smaoinichadh air dè an gleann agus dè an cinneadh – do sgìre fhèin ‘s dòcha! Cuideachd ‘s dòcha gum bi thu airson ainmeannan eile a thoirt dha na balaich agus do phiuthar Rob. Bu chòir dhut ainmeannan freagarrach a thaghadh a thèid le ceanglaichean an teaghlach aca.

Dh’fhaodadh gum biodh e feumail cuideachd smaoinichadh air deit airson na sgeulachd. Bidh cuid de dh’aithrisean a’ suidheachadh na dròbh ann an 1745 – bliadhna chudromach ann an eachdraidh Alba. Ach dh’fhaodadh ge-tà gu bheil adhbharan san sgìrean airson an dròbh a bhith ron bhliadhna sin no às a dèidh. Ach cuimhnich gun do sguir na cruinneachaidhean ann an Craoibh ann an 1770, agus an dèidh sin dh’fheumadh an crodh a dhol dhan Eaglais Bhric.

Thòisich gluasad a’ chruidh dhuibh (faic duilleag fiosrachaidh: ‘An t-Òr Dubh’) o chionn fhada, fhada.

*“Ann an linn an-fhoiseil gun spèis dhan lagh, le crodh mar am prìomh bheairteas a ghabhadh gluasad, cha robh dòigh nach biodh an gluasad tràth ann an crodh mar thoradh air goid sna glinn eadar a’ Ghàidhealtachd is a’ Ghalltachd.”*

Eadar-theangachadh (A.R.B Haldane: **The Drove Roads of Scotland** Birlinn 2008 ISBN 978-1-84158-695-3)

Sna bliadhnaichean mu dheireadh, gu h-àraidh san 18mh agus san 19mh linn, bha àireamh mhòr, mhòr de chrodh gan gluasad às a’ Ghàidhealtachd is às na h-Eileanan gun a cruinneachaidhean ann an Craoibh agus san Eaglais Bhric. An sin bhiodh luchd-ceannach bho dheas gan iomain thar na crìche agus sìos tro Shasainn chun na margaid ann an Smithfield far an robh iarraidh mhòr air feòil shaille. Thòisich cuid de dh-ròbhairean Alba – agus na coin aca – a’ gabhail na slighe fhada a Lunnainn.

Tha stòiridh an dròbhaidh co-cheangailte ri eachdraidh phoilitigeach Alba, agus faodar leasachadh a’ ghnìomhachais fhaicinn ann an cuid de dhòighean mar thoradh air Aonadh nan Crùn ann an 1603 agus Aonadh nam Pàrlamaidean ann an 1707. Gu h-annasach, chan eil coltas gun tug àr-a-mach nan Seumasach ann an 1715 agus ann an 1745 ach glè bheag de bhuidh air a’ mhalairt seo, ach tha ceangal aig Rob Ruadh MacGriogair, (Faic an duilleag fiosrachaidh: ‘Rob Ruadh – Gaisgeach no Trustar’) a bha ainmeil ann an eachdraidh an dròbhaidh, ris an t-

'Seann Tagraiche.' Bha a' mhalairt seo a' cumail taic ri feumalachdan arm Bhreatainn aig àm Cogadh Napoleon, ach chuir mòr-chaochladh an àiteachais is a' ghnìomhachais, agus teachd an rèile, an ìre mhath crìoch air a' mhalairt ro dheireadh an 19<sup>mh</sup> linn.

Seo mar a thuir Haldane mu '45:

*"Chan eil coltas gun robh uiread de bhuaidh aig ar-a-mach 1745 's a bhiodh duine an dùil. Tha an turas sàbhailte a bh' aig an dròbhair à Gleann Urchaidh ann an 1746 a' sealltainn gun robh fiù 's an uair sin crodh gan toirt gu deas à Cinntàile, agus a dh'aindeoin an ar-a-mach, gun robh Cruinneachadh Chraoibh fhathast a' dol. San aon bhliadhna thug dròbhair à Siorrachd Rois crodh gu ruige Craven ann an Siorrachd Iorc, agus bha dròbhair à Siorrachd Dhùn Phris a' reic faisg air 1500 beathach ann an Anglia an Ear."*

B' e fear air an robh Coire Coille aon de na caractaran ainmeil a bha co-cheangailte ri dròbhadh.

A-rithist bho Haldane:

*'Air an taobh an iar bha Iain Camshron, 's dòcha dròbhair cho iomraiteach 's a bh' ann, a' malairt mòran cruidh. Bha ainm air leth aige ann an saoghal an dròbhaidh airson na bha e a' malairt agus airson cho onarach 's a bha e. de Rugadh Camshron à Coire Coille ann an 1780 agus chaochail e sa Ghearran 1856. Sa bhliadhna a chaochail e thuir e gun do fhrithheil e na cruinneachaidhean trì-bliadhna san Eaglais Bhric agus an fheadhainn gach dà-bhliadhna ann an Baile an Dùine (Craoibh) fad leth-cheud bliadhna gun gin a chall.'* (Air eadar-theangachadh)  
(Faic an duilleag fiosrachaidh – Corriechoillie)

Bu chòir dhut smaoinichadh air ceanglaichean ris an sgìre ionadail agad agus ri eachdraidh na sgìre nuair a bhios tu a' dèanamh cho-dhùnaidhean. Tha cead agad na teacsaichean atharrachadh a rèir sin.

'S dòcha gum faigh thu cothrom air teacsaichean no beul-aithris bhon sgìre agad fhèin. Mar eisimpleir 's dòcha gum biodh tu airson rannsachadh a dhèanamh air iomradh sam bith air goid cruidh agus blàir eadar cinnidhean san sgìre agad fhèin. Dh'fhaodadh tu cuideachd atharrachadh a thoirt air iomradh fiosaigeach a' ghlinne is a' bhaile agus caisteal a' chinn-cinnidh airson gum maids e an sealladh ionadail.

*C Sallie Harkness – Am Màrt 2013*

## Earrann 2 NA DRÒBHAIREAN

Tràth aon mhadainn chrath Seumas, athair Rob, e airson a dhùsgadh. ‘Trohadh a-nis, a bhalaich. Feumaidh sinn a dhol chun na h-àirigh a choimhead airson crodh. Thoir leat Dìleas. Feumaidh esan an crodh a chruinneachadh.’

Cha b’ fhada gus an do choinnich iad Aonghas agus Patch agus feadhainn eile dhen chinneadh agus na coin agus a-mach leotha dhan bheinn. ‘Tha an t-àm ann na beathaichean a thoirt a-nuas airson na dròbh ann an Craoibh,’ thuirt Seumas. ‘Feumaidh sinn aontachadh air prìs mhath airson gun tèid againn air am màl a phàigheadh’.

Seach gum biodh gach teaghlach sa bhaile a’ cumail nam beathaichean air a’ chùl-cinn, b’ e a’ chiad rud a bha ri dhèanamh an sgaradh a rèir comharran iarann-loisgte nan daoine leis an robh iad. Bha sin a’ toirt greis, fiù ’s le cuideachadh nan con a bha eòlach air buachailleachd a’ chruidh. Nuair a bhiodh sin deiseil, dh’fheumadh gach fear-cinnidh smaoinneachadh cò na beathaichean a bhiodh làidir gu leòr airson a dhol air an turas fhada chun na Margaid.

Dheigheadh an còrr a leigeil mu sgaoil air a’ bheinn agus bhiodh iad ag ionaltradh an sin gu foghar. Bhiodh an t-àm ann an uair sin airson beathaichean a thaghadh airson am marbhadh, airson mairt le laoi gh annta a chomharrachadh agus feadhainn a bhiodh iad an dùil a sheasadh ris a’ gheamhradh fhada, fhuar.

Cha b’ fhada gus an robh Rob agus athair ullamh dhen obair agus bha na beathaichean a chaidh a thaghadh air an slighe sìos dhan bhaile a dh’fheithemh ris na dròbhairean. Cha robh iad fada a’ feitheamh oir, an-ath-latha, thàinig triùir fhear dhan ghleann. B’ e an neach-malairt a bha sa chiad fhear. B’ esan Iain MacIlleMhoire agus bha e air muin eich, le siosacòt, briogais-ghlùine is stocainnean air. Bha plaide, no fèileadh, uime mar chleòca agus bonaid ghorm. Bha sgian is forc aige crochte air aon taobh dhe chrìos, agus bha daga air an taobh eile. Nuair a bha e a’ tighinn far an eich, chunnaic Rob nach robh an neach-malairt uabhasach àrd idir, agus gun robh sròn cham air agus sùilean biorach a bha a’ dol bho aodann gu aodann fhad ’s a bha fir a’ bhaile a’ tighinn a chur fàilte air. Bha a dhithis chompanach a’ coiseachd – fir mhòra, làidir le fèilidhean sìos chun na glùine; bha an sliasaidean agus an dara leth dhen casan rùisgte. Bha buill-airm aca cuideachd.

Thugadh an luchd-tadhail a-steach a dh’fhear dhe na taighean-croite far an d’ fhuair iad aran-coirce is càise. Nuair a bha iad deiseil, chaidh iad a sgrùdadh a’ chruidh. Nuair a thug iad sùil air gach beathach, thòisich am barganachadh, ach cha b’ fhada gus an deach prìs aontachadh agus chaidh an cùmhnant a sheulachadh le drama uisge-bheatha. Cha robh airgead ga phàigheadh aig an ìre sin. Thigeadh an t-airgead nuair a dheigheadh na beathaichean a reic aig a’ mhargaid.

'Togaidh sinn oirnn madainn a-màireach' thuirt Iain MacIlleMhoire. 'Chan eil math sam bith fuireach an seo oir tha slighe fhada gu Craoibh.'

'Agus cuideachd,' thuirt e, 'tha mi caran gann de dhròbhairean. A bheil gillean òga an sin ris an còrdadh turas inntinneach le beagan airgid na lùib?'

'S gann gun creideadh Rob na bha e a' cluinntinn. Bha cothrom an seo faighinn a-mach às a' ghleann agus pàirt dhen t-saoghal fhaicinn, ach an leigeadh athair leis falbh? Bha Aonghas cuideachd a' miannachadh a dhol air turas. B' esan a b' òige de thriùir bhràithrean. 'S cinnteach nach biodh ionndrainn air nam falbhadh e.

**Not an tidseir: Stad an seo gus gun dèan sgoilearan còmhradh air a' cheist – argamaidean a' cur ìmpidh – adhbharan a bhiodh aig athair Rob airson diùltadh – saoil dè an co-dhùnadh a bhios ann? Am faigh Aonghas cead a dhol ann?**

'Glè mhath, a Rob. Gheibh thu an cothrom, ach cuimhnich – cha bhi dòigh agad tilleadh agus tha an t-slighe fada gu Craoibh.

'Tapadh leibh, athair. Cha leig mi sìos sibh, agus bidh mi a' cumail sùil air na beathaichean againne agus air an fheadhainn eile às an seo,' fhreagair Rob. Ach bha e toilichte gun robh a cho-ogha, Aonghas, cuideachd a' dol air an dròbh, agus gun robh an dithis aca a' toirt nan con aca leotha.

*C Sallie Harkness, Am Màrt 2013*

## Earrann 3 – AN TURAS A’ TÒISEACHADH

### Pàirt 1:

Bha fadachd a bheatha air Rob gus an tigeadh an ath latha, ach bha rudan ri dhèanamh mus falbhadh e air an dròbh. An toiseach chaidh e suas a’ bheinn chun na h-àirigh a dh’innse dha mhàthair gum biodh e a’ falbh an-ath-latha. Thug a mhàthair dha bonnaich agus càise airson a’ chiad dhà no trì lathaichean dhen turas agus puicean min-choirce a cheangaileadh e ri chrìos. Thug i cuideachd dha plaide a chuireadh e timcheall air nuair a bhiodh e a’ cadal a-muigh. Mus do thill e dhan bhaile, thug e fàsghadh air a pheathraichean beaga agus thuirt e riutha gun toireadh e thuca ribinnean a chuireadh iad nam falt.

Nuair a thill e dhan bhaile, thug athair Rob dha biodag le dòrn dubh.

‘Na tarraing seo gu bràth ann am feirg,’ thuirt e, ‘ach cleachd gu glic e airson thu fhèin agus do charaidean a dhòn.’

Nuair a thàinig a’ mhadainn, bha Rob agus Aonghas deiseil lem pasgain agus le Patch agus Dileas aig an sàilean.

Thug Iain MacIlleMhoire sùil chruaidh air Rob agus Aonghas.

‘Mus falbh sinn,’ thuirt e, ‘tha rud agam ri ràdh ribh.’ Dh’èist na balaich gu math.

‘Tha an t-slighe fada chun na Margaid agus dh’fhaodadh trioblaidean a bhith romhainn. Feumaidh sinn an aire a thoirt air a’ chrodh a latha is a dh’oidhche, agus an cuideachadh air an t-slighe airson gum bi iad ann an deagh staid nuair a ruigeas iad Craoibh. Rinn na fir agam, Dòmhnall agus Fearghas, an turas iomadh uair agus tha fios aca dè nì iad. Feumaidh sibhse an comhairle a ghabhail agus èisteachd ri na chanas iad. Cuimhnichibh cuideachd gur e mise a tha os cionn chùisean agus ‘s e m’ fhacal-sa an lagh.’

Dh’aom Rob agus Aonghas an cinn. ‘Nì sinn ar dicheall,’ thuirt Rob. ‘Nì. Tha sin ceart,’ thuirt Aonghas. Rinn Dileas agus Patch comhart beag mar gun robh iad a’ tuigsinn a h-uile facal.

Bha Dòmhnall agus Fearghas agus na coin a’ cruinneachadh a’ chruaidh airson na dròbha. Bha iad a’ lorg bheathaichean làidir a bhiodh air thoiseach air an treud. Leum Iain MacIlleMhoire air an each agus ghabh e àite aig an toiseach. ‘Beannachd leibh,’ dh’èigh e ri muinntir a’

chinnidh a bha air cruinneachadh aig an rathad chorrach. Bha iad a' coimhead fhad 's a thog an crodh, na coin, na fir agus na balaich orra air an turas agus iad an dòchas gum faigheadh iad prìs mhath agus gun tilleadh iad gu sàbhailte.

Choisich an t-sreath fhada de bheathaichean air an socair suas an gleann. Bha na balaich agus na coin a' cuideachadh gus an crodh a chumail air an t-slighe, agus bha iad a' dèanamh cinnteach nach deigheadh an fheadhainn aig an deireadh fhàgail às an dèidh. Cha b' fhada gus an do ràinig iad ceann a' ghlinne agus chitheadh iad an t-slighe a bha romhpa. Bha gleann eile a' sìneadh romhpa le abhainn a' sruthadh troimhe. Seachad air an sin bha sreath bheanntan, agus na b' fhaide air adhart beanntan àrda le beagan sneachda samhraidh fhathast sna coireachan gu tuath.

Thug Rob sùil air ais air a' bhaile, ach cha robh ùine ann airson aithreachas. Bha turas inntinneach roimhe agus bha e a' dol a chòrdadh ris.

## **Pàirt 2:**

'Cuin a bhios sinn a' gabhail ar dinneir?' dh'fhaighnich Aonghas do Dhòmhnall mòr. Rinn an dròbhair gàire agus thuirt e, 'Mu mheadhan-latha, nuair a bhios a' ghrian àrd san adhar.'

Fhad 's a bha na fir agus na balaich ag ithe, bha an crodh ag ionaltradh agus a' gabhail fois gus an robh an t-àm ann gluasad a-rithist. Mun àm a bha a' ghrian a' dol fodha san iar, bha am buidheann beag air siubhal mu dheich mìle agus bha iad gu math a-steach dhan dara gleann. Bha Iain MacIlleMhoire air a dhol air thoiseach a choimhead airson àite math san stadadh iad, no àite le uisge agus ionaltradh gus gum faigheadh an crodh fois air an oidhche.

Na shuidhe mu chuairt an teine, bha Rob ag ithe bonnach is càise agus ag èisteachd fhad 's a bha na fir a' bruidhinn mu na bha romhpa an-ath-latha.

'Feumaidh sinn an crodh fhaighinn tarsainn na h-aibhne agus thar na beinne airson 's gun coinnich sinn ar caraidean à Gleann .....,' thuirt Iain MacIlleMhoire.

'Aidh,' thuirt Dòmhnall. 'Tha cuimhn'm àite math a lorg an-uiridh airson a dhol tarsainn. Bu chòir gum biodh e furasta a dhol tarsainn oir cha robh sgath uisge ann o chionn lathaichean.'



Bha Fearghas agus Aonghas air faire an toiseach gus dèanamh cinnteach nach teicheadh gin dhen chrodh air ais dhan bhaile. 'Cha chreid mi gun leig a leas eagal a bhith oirn mu mhèirlich cruaidh fhathast,' thuirte Fearghas. 'Tha sinn fhathast air fearann a' chinn-cinnidh agaibh fhèin, ach tha e nas fheàrr a bhith cinnteach.'

Chuir Rob a' phlaide mu thimcheall le Dìleas ri thaobh. Choimhead e suas air na rionnagan agus e a' smaoinichadh air dè bhiodh romhpa an-ath-latha, ach mus deach aige air smaoinichadh ceart mu latha eile, bha e na shuain.

*C Sallie Harkness – Am Màrt 2013*

## Earrann 4 - AIBHNICHEAN IS COINNEACHADH

Bha a' ghrian air èirigh uairean a thìde mus do dh'fhalbh an dròbh mu ochd uairean sa mhadainn. Bha cuid dhen chrodh nach robh airson àite le feur ùr, gorm fhàgail, ach le beagan cuideachaidh bho na coin, cha b' fhada gus an robh iad air an t-slighe.

'Cha dèan math dhuinn an crodh iomain ro chruaidh,' thuirt Dòmhnall, 'gu h-àraidh an toiseach an turais. Chan eil iadsan eòlach air siubhal nas mò,' thuirt e is e a' coimhead air Rob agus air Aonghas le gàire.

Chaidh a h-uile càil gu math gus an tàinig iad faisg air bruach aibhne. An sin theich cuid dhe na daimh air falbh bhon treud agus rinn iad às a dh'ionnsaigh an uisge. 'Chan eil an t-àite seo sàbhailte airson a dhol thairis,' dh'èigh Fearghas. 'Feumaidh sinn am faighinn air ais air an t-slighe cheart.'

Dh'fhalbh Rob le Dìleas na chois airson na beathaichean a chruinneachadh, agus cha b' fhada gus an do rinn iad sin.

Bha àite sàbhailte airson a dhol thairis mìle na b' fhaide air adhart far an robh an abhainn leathann ach gun a bhith domhainn. Chaidh am beathach a bha air thoiseach a-steach an toiseach agus lean càch e. Ghrunnaich Rob agus Aonghas gun duilgheadas sam bith. Dhìrich iad suas bruach na h-aibhne agus bhrosnaich iad an còrr dhen treud gus an slighe a dhèanamh suas an gleann.

Bha iad dà latha eile air an t-slighe mus do choinnich an dròbh ri buidheann na bu mhotha de chrodh a bha air cruinneachadh faisg air taigh-òsta. Bha Iain MacIlleMhoire toilichte gun robh barrachd dhe na daoine aige a' cumail sùil air iomain à bailtean eile. Mhothaich Rob agus Aonghas gun robh balaich mun aois aca fhèin ag obair còmhla ris na dròbhairean eile. Chunnaic iad cuideachd gun robh eich air teadhair aig an taigh-òsta. Chaidh Dòmhnall agus Fearghas a chur fàilte air an caraidean fhad 's a bha na balaich a' cumail sùil air a' chrodh.

'Ciamar a chumas sinn na beathaichean againn fhèin còmhla am measg na tha seo?' dh'fhaighnich Aonghas.

'Chan eil fhios'm,' fhreagair Rob,' ach tha mi cinnteach gun inns Mgr MacIlleMhoire dhuinn dè bu chòir dhuinn a dhèanamh.'

'An dùil am faigh sinn each airson marcachd air?' thuirt Aonghas. Bha e sgìth an dèidh a bhith a' coiseachd iomadh latha, agus bha e air a chas chli a leòn air clach bhiorach.

‘Cha chreid mi gum faigh,’ thuirt Rob. ‘Cha bhi a’ marcachd ach daoine-uasal, ach thoireamaid sùil air na h-eich co-dhiù.’

Nuair a thàinig na balaich faisg air far an robh na h-eich, mhothaich iad gun robh teant-bhogha a-nis ann, agus gun robh teine beag ann le poit crochte os a chionn airson còcaireachd. Bha fàileadh brèagha ann bho fheòil agus bho luibhein, agus smaoinich na balaich gun robh an t-acras orra. Bha boireannach agus dithis nighean a’ cumail sùil air a’ phoit.

‘Cò sibh agus cò às an tàinig sibh?’ dh’fhaighnich Aonghas.

‘Chan eil crodh agaibh, agus mar sin, chan urrainn gur e dròbhairean a th’ annaibh.’

‘Is sinne coisichean an t-samhraidh – luchd-siubhail,’ fhreagair am boireannach. ‘Thàinig sinn bhon taobh an iar a reic feadhainn dhe na h-eich ris an neach-malairt, agus tha basgaidean agus rudan eile againn rin reic cuideachd. Thèid aig an duine agam air obair mheatailte a dhèanamh agus sgeinean a gheurachadh.’

Choimhead Rob air na nigheanan beaga a bha am falach fo sgiort am màthar agus smaoinich e air a pheathraichean. Dè bhiodh iad a’ dèanamh aig an taigh? An robh iad ga ionndrainn?

Greis an dèidh sin, nuair a bha na fir air tilleadh às an taigh-sheinnse, chaidh teine a lasadh dhan fheadhainn nach robh a’ gèard. Chòrd am blàths ris na balaich agus iad ag èisteachd ri sgeulachdan agus ri naidheachdan nam fear. Bha e coltach gum b’ aithne dha na dròbhairean a chèile agus gun robh iad air an turas a ghabhail a Chraoibh iomadh uair roimhe. Shaoil Rob gun robh cuid dhe na fir a’ coimhead gu math sean, ach bha iad tapaidh. Bha cuid dhen luchd-siubhail nan suidhe timcheall an teine agus iad toilichte fois a ghabhail an dèidh an turais thar nam beanntan. Gu h-obann, dh’fhàs a h-uile càil sàmhach nuair a dh’iarr cuideigin sgeulachd a chluinntinn.

B’ e an neach-siubhail a bu shine a dh’aontaich a dhèanamh. Bha falt fada, liath air agus sùilean soilleir, gorma.

‘Innsidh mise sgeulachd dhuibh,’ thuirt e. ‘Agus ’s e seann sgeulachd a th’ innte. Seann sgeulachd, ach sgeulachd a tha fìor. Ach mus tòisich mi, cuiridh mi ceist oirbh. A bheil sibh a’ creidsinn ann an taibhsean?’

Chaidh crith tro Rob. Cha robh e dhen bheachd gum faca e riamh taibhs, ach cha robh sin a’ ciallachadh nach robh iad ann. Mar sin dh’inns an seann neach-siubhail an sgeulachd, agus b’ e cù a bha san taibhs san sgeulachd – agus chaomhainn an cù-taibhse beatha a mhaighstir, agus mar

sin, cha b' e sgeulachd eagalach a bh' innte. Bha an ath sgeulachd mu phoit thrì-chasach, dhraoidheil agus bha an ath tè mu ròin a bha nan daoine. Ach cha chuala Aonghas no Rob deireadh na sgeulachd ud oir bha iad air cadal, agus nuair a dhùisg iad, bha an teine air a dhol bàs agus cha robh sgeul air an t-seann sgeulaiche.

*C Sallie Harkness – Am Màrt 2013*

## Earrann 5 - AN TURAS A' LEANTAINN

Latha an dèidh latha rinn na sreathan fada de chrodh an slighe gu deas a dh'ionnsaigh Chraoibh. Bha Rob agus Aonghas, còmhla ri Dòmhnall agus Fearghas, a' coimhead às dèidh còrr is ceud beathach cruiddh. Rinn iad an slighe tro ghlinn agus tro aibhnichean bras a bha doirbh faighinn thairis orra. Chùm iad orra ge-tà, a' dìreadh dha na beanntan airson a dhol tro bhealaich agus tro àiteachan cumhang far am feumadh an crodh coiseachd beathach mu seach.

Mean air mhean bha an latha a' fàs goirid agus an oidhche nas fhuaire. Bha Rob taingeil airson na plaide a thug a mhàthair dha. Chrìochnaich an t-sìde mhath gu h-obann nuair a thàinig stoirm on tuath. Chuir frasan mòra agus grìosaich na gaoithe eagal air a' chrodh, agus cha robh e cho furasta dha na dròbhairean an cumail air an t-slighe. An dèidh beagan làithean de dh'uisge mòr bha na fir agus na beathaichean drùidhte agus cha robh daoine cho foighidneach.

Bha a h-uile duine toilichte nuair a rinn i turadh agus a ghluais an dròbh ri grian an fhoghair. Bha e na iongnatas do Aonghas agus do Rob mar a bha na seallaidhean an-còmhnaidh ag atharrachadh. An àite slios an loma nam beanntan bha glinn leathann le fear math dhan chrodh, agus bha coilltean ri oir nan allt is nan aibhnichean. Chunnaic iad fèidh gu leòr air an slighe, agus an-còmhnaidh os an cionn, bha clamhain agus eòin creachaidh eile. Smaoinich Rob air na h-iolairan sa ghleann aig an taigh. Bhiodh na h-iseanan a' sgèith a-nis, agus ag ionnsachadh sealg, mus tigeadh làithean dorcha a' gheamhraidh. Gu h-obann bha an cianalas air; bha e ag ionndrainn a mhàthar is a pheathraichean, ach chuimhnich e an uair sin gun do gheall e ribinnean a thoirt thuca agus sgeulachdan gu leòr mun dròbh.

### NITHEAN A THACHAIR

#### Roghainn 1: Trioblaidean air an t-slighe

Thachair e aon latha an dèidh do reothadh na h-oidhche ceò dhùmhail fhàgail sna glinn. Bha na fir agus na balaich air feitheamh fad uair a thìde no dhà gun fhios nach togadh a' cheò, ach mu dheireadh, chruinnich iad an crodh agus thog iad orra air an t-slighe. Bha Aonghas agus Fearghas air thoiseach agus bha coltas gun robh iad a' dèanamh adhartas math. Bha Dòmhnall agus Rob air tuiteam beagan air dheireadh oir chaidh iad às dèidh a dhà no thrì dhaimh a bha air falbh leotha fhèin far na slighe. Bha iad a-nis nan cabhaig agus iad an dòchas beireachdainn air a' chòrr dhen treud. An-dràsta is a-rithist stadadh iad agus dh'èisteadh iad, ach cha robh càil ri chluinntinn. 'Cha chreid mi nach eil sinn air a dhol ceàrr,' thuirt Rob. Bha àite pìos air ais an siud far an robh coltas gun robh dà shlighe ann. Saoilidh mi gun deach an còrr dhen treud an taobh eile.'

‘Ach, thèid sinn bìdeag bheag eile,’ thuirt Dòmhnall.

Agus mar sin chùm iad orra greiseag gus an tàinig iad gu h-obann gu oir bearraidh. Càit an robh iad agus dè bu chòir dhaibh a dhèanamh anis?

## **Roghainn 2: A’ coinneachadh ri fir-cinnidh – tràth san t-Sultain 1745**

Bha Aonghas agus Rob a’ fàs sgìth leis a’ choiseachd fhada latha an dèidh latha. Cha b’ e seo an turas inntinneach a bha iad a’ miannachadh. ‘S beag a bha dh’fhios aca ge-tà gun robh nithean cudromach air a bhith a’ tachairt fhad ‘s a bha iadsan a’ coiseachd còmhla ris an dròbh.

Chuir e iongnadh mòr orra aon mhadainn nuair a choinnich iad ri buidheann de dh’fhir-cinnidh, le armachd orra agus iad nan cabhaig a’ dol gu deas. Bha dùil aca an toiseach gun toireadh na Gàidheil ionnsaigh air an dròbh agus gun teicheadh iad leis a’ chrodh, ach cha b’ ann mar sin a thachair.

‘Nach cuala sibh idir? Thàinig am Prionnsa air tìr ann am Mùideart agus thog e a’ bhratach aige ann an Gleann Fhionnainn. Tha e a’ cruinneachadh feachd ann am Peairt agus tha sinn a’ dol ga choinneachadh airson an crùn a thilleadh gu Rìgh Seumas, an rìgh dligheach.’

Choimhead Iain MacIlleMhoire air na fir gharg len claidheamhan, biodagan, claidheamhan-mòra, seann dhagaichean agus musgaidean. Bha sgiath aig gach fear dhiubh – an sgiath bheag chruinn a dhìonadh e ann an sabaid làmh ri làimh.

‘Tha mi an dòchas gun tèid dhuibh gu math agus gun till sibh gu sàbhailte gu na teaghlaichean agaibh,’ thuirt MacIlleMhoire. Ach feumaidh sinne leantainn oirnn a Chraoibh chun na margaid agus an crodh seo a reic air prìs mhath. ‘S e fear-gnothaich a th’ annamsa agus cha shaighdear.’

Dh’èist na fir agus na balaich ris a’ chòmhradh inntinneach. ‘Carson nach tèid sinne a shabaid? Dh’fhaighnich Aonghas do Rob. ‘Abair gum biodh turas inntinneach againn an uair sin.’

‘Bhitheadh,’ fhreagair Rob, ‘ach bhiomaid marbh cuideachd! Tha sinn nas fheàrr dheth an seo fhèin a dh’aindeoin na sìde. Fuiricheamaid gu faic sinn an cluinn sinn an còrr mun Phrionnsa bho thaobh eile a’ chuain.’

Chunnaic iad na Gàidheil a’ dèanamh às gu sgiobalta nan ruith tron fhraoch.

### **Roghainn 3: Mál-dubh**

Mar a bha an dròbh a' gluasad gu deas, chuir e iongnadh air Rob agus air Aonghas gun robh gach àite san stadadh iad an-asgaidh. Cha robh Iain MacIlleMhoire a' pàigheadh càil. Dh'fheumadh na dròbhairean pàigheadh airson biadh agus deoch anns na taighean-seinnse no ceannach sna bailtean. Gun teagamh dheigheadh corra chearc a ghoid airson cur ris a' bhiadh, agus uaireannan airson ghlacadh iad coineanach no gearr.

Aon fheasgar thug Iain MacIlleMhoire na fir agus na balaich cruinn.

'Tha sinn a' tighinn faisg air fearainn MhicGriogair,' thuirt e, 'agus bidh iad a' tighinn a dh'iarraidh an cuid. Ma chì sibh duine a' tighinn, bu chòir dhuibh an toirt thugamsa.'

'Dè tha e a' ciallachadh?' dh'fhaighnich Rob do Dhòmhnall.

'Uill, chì thu,' fhreagair Dòmhnall. 'Bha na Griogairich math air crodh a ghoid ann an latha Rob Ruaidh agus roimhe sin, ach an uair sin rinn iad a-mach gun robh e na bu bhuannachdaile cìs a chur air na dròbhairean airson a dhol gu sàbhailte tro na fearainn aca. Na gabh dragh, 'ille. Tha a h-uile càil air dòigh aig Iain MacIlleMhoire.'

### **Roghainnean 4, 5 agus 6: Dèan còmhradh!**

'S iomadh rud eile a dh'fhaodadh tachairt air an t-slighe. Leig leis a' chlas/buidhnean smaoinichadh mu na rudan sin, agus còmhradh a dhèanamh air mar a dh'innseas iad na sgeulachdan sin.

Tha seo a' toirt cothrom eile airson an diofar eadar an latha an-diugh agus 'o chionn fhada a dhaingneachadh'. Mar eisimpleir nan tuiteadh dròbhair is gum briseadh e cas no gàirdean – dè thachradh an uair sin? Dè nam fàsadh cuid dhen chrodh tinn agus gum bàsaicheadh iad?

Dh'fhaodadh gum biodh toileachas ann ris nach robh dùil. Dè dh'fhaodadh a bhith ann?

*C Sallie Harkness – Am Màrt 2013*

## Earrann 6 - CRAOIBH MU DHEIREADH THALL

Mu dheireadh thall bha an dròbh a' tighinn faisg air a' cheann-uidhe. Bha fios aig na balaich air a sin air sgàth iomadh adhbhar. Sa chiad àite, bha an cruth-tìre na bu shìnte agus na bu thorraiche. San dara àite, thòisich iad a' coinneachadh ri dròbhan eile a bha a' dol dhan aon àite. Cuideachd, thòisich na fir ag aithneachadh àitichean agus a' bruidhinn mun toileachas a bhiodh aig a' mhargaidh. "Ò, bidh e math na stàilichean fhaicinn le biadh is deoch gan reic. Bidh daoine ann às a' bhaile agus feadhainn eile bho thaobh eile na crìche. Bidh dibhearsain ann agus farpaisean spòrs." Thuirt Dòmhnall ris na balaich, 'Gheibh sinn ar pàigheadh agus bidh airgead againn ri chosg – dìreach aon abhainn eile agus seatlaigidh sinn na beathaichean ann an àite math.'

Bha aca ri feitheamh airson an àm fhèin gus a dhol thairis air Uisge Eir agus an crodh iomain gus àite a lorg san seatlaigeadh iad sna raointean mun cuairt. Fad mhìltean, bha sliosann nam beann dubh leis na deichean mhìltean de bheathaichean coltach ris na beathaichean aca fhèin, ach bha Mgr MacIlleMhoire air àite a ghleidheadh dhaibh. Air an t-slighe suas bhon àth, chunnaic na balaich sealladh goirseachail. Bha croich fhiodha ri taobh an rathaid, agus crochte oirre bha cuirp dhaoine a chaidh a chur gu bàs airson marbhadh no goid. Nuair a bha iad a' dol seachad, chuir na dròbhairean Gàidhealach an làmhan gu na bonaidean aca agus thuirt iad, 'Gum beannaicheadh Dia sibh, agus gun dìteadh an Diabhal sibh.' Bha a' mhargaidh fo smachd Diùc Pheairt agus bhiodh e a' cumail mòd (cùirt) airson còmhstri a rèiteach agus gus rian a chumail air cùisean. Dh'fheumadh na fir aige obrachadh mar gheàrdan airson sùil a chumail air a' mhargaidh, ach cha robh coltas gun robh iad gu mòran feum ann a bhith a' bacadh buaireadh. "Na gabhaibh dragh, 'illean,' thuirt Fearghas ri Rob is ri Aonghas. "S e baile fiadhaich a th' ann an Craoibh, ach coimheadaidh mi fhèin agus Dòmhnall às ur dèidh gus am fàs sibh eòlach.'

Bha an treud air a gheàrd gu dlùth air an oidhche gun fhios nach feuchadh mèirlich ri dèanamh às le cuid dhen chrodh no dhe na h-eich. Nuair a thàinig a' mhadainn, thòisich an fhèill agus thàinig luchd-ceannach a choimhead air na beathaichean. Bha Rob agus Aonghas, le Dileas agus Patch gan cuideachadh, a' cumail a' chruaidh aca ann am buidheann teann, agus thug iad orra gluasad timcheall mar sin fhad 's a bha an luchd-ceannach gan coimhead a' tighinn mun cuairt. Bha iad a' cumail bheathaichean nach robh a' coimhead cho math sa mheadhan gus gum biodh càch gam falach. Bha tòrr barganachaidh ann an uair sin, ach bha Iain MacIlleMhoire aithniche mar fhear-gnothaich onarach agus bha e air reic ri mòran dhen luchd-ceannach roimhe. Bha deagh chliù aig an treud aige airson a bhith ann an deagh staid agus airson prìs reusanta. Nuair a dheigheadh bargan a dhèanamh, bhiodh Mgr MacIlleMhoire agus an neach-ceannach a' dol a theant na deoch gus am bargan a sheulachadh le drama – no 's dòcha a dhà, agus iad beireachdainn air làimh air a chèile agus ag ràdh 'Siud eadar-iomlaid'.

Na b' fhaide air an latha, bha saorsa aig na balaich a dhol a bhlasad air toileachas na margaidh. Agus abair sealladh mìorbhaileach. Bha ceannaichean siubhail ann, luchd-cleasachd le buill agus luchd-reic mheasan. Bha praisean mòra brot a' bruich air teine fosgailte. Bha



seinneadairean ann, agus bha pìobairean ann, agus sa h-uile h-àite bha guthan mòra, coin a' comhartaich agus crodh a' geumnaich. Bha iongnadh am beatha air Rob agus air Aonghas. Cha robh iad air a leithid fhaicinn riamh.

'Tha an t-acras orm,' thuirt Aonghas. 'Dè mu dheidhinn rud beag brot. Bidh e math seach an lite.'

'Glè mhath,' fhreagair Rob, 'ach feumaidh mi pàirt dhen airgead a chumail airson ribinnean dha mo pheathraichean beaga.'

An-ath-mhadainn bha ceann goirt no dhà am measg nan dròbhairean a bha air cus subhachais a dhèanamh, ach bha coltas gun robh Mgr MacIlleMhoire san àbhaist. Chruinnich e an sgioba agus thuirt e riutha, 'A-nis, a bhalacha, tha roghainn agaibh. Cia mheud agaibh a tha airson cumail orra còmhla ris a' chrodh deas air a' chrìch? Agus cò tha airson tilleadh dhachaigh gu tuath?'

Mus d' fhuair e an còrr a ràdh, bhruidhinn fear dhe na fir. 'Chuala mi gun robh buaidh mhòr leis a' Phrionnsa Teàrlach, agus gu bheil e a' dèanamh subhachas ann an Dùn Èideann mus mèarrs an fheachd aige a Shasainn. Cò thig còmhla rium a shabaid airson an rìgh dhlighich againn?'

Thug Rob agus Aonghas sùil air aodainn nam fear a bha air a bhith nan companaich dhaibh fàd iomadh latha is mìos. Dè cho-dhùineadh na fir – agus dè bu chòir dhaibh a cho-dhùnadh?

*C Sallie Harkness – Am Màrt 2013*